

Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig

Am Màrt 2022 - Air ùrachadh



Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

12. Foghlam Meadhan Gàidhlig: Modh-obrach 1+2 a thaobh Ionnsachadh Cànan

Prìomh fhiosrachadh:

- Sa Mhodh-obrach 1+2 a thaobh Ionnsachadh Cànan ann an Alba, bidh clann an toiseach air am bogadh sa Ghàidhlig a' cleachdadh Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais aig na h-ìrean tràtha 's na ciad ìrean.
- Aig P3/P4, tòisichidh clann a' dèiligeadh ri Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a thaobh litearrachd agus Beurla.
- Ionnsaichidh clann dàrna cànan a bharrachd, L3, ann an ùine nach bi nas fhaide air adhart na P5.

12.1 Tha Mhodh-obrach 1+2 a thaobh Ionnsachadh Cànan ann an Alba a' toirt frèam-obrach chudromach airson a bhith a' meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig thar na dùthcha. Tha an aithisg mu Mhodh-obrach 1+2 ag aithneachadh gur e eisimpleir air leth èifeachdach de dh'ionnsachadh cànan a th' ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig.

12.2 Ann a bhith a' cur an cèill Modh-obrach 1+2 ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig, feumar planadh airson trì cànanan sa churraicealam, agus a bhith a' toirt aithne do phrionnsabalan-bogaidh. An toiseach, bidh clann air am bogadh sa Ghàidhlig a' cleachdadh Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais aig na h-ìrean tràtha is na ciad ìrean. Aig P3/P4, tòisichidh iad a' dèiligeadh ri Eòlasan agus Builean a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a bhios a' buntainn ri litearrachd agus Beurla. San dòigh seo, bidh an cothrom aig a' chloinn seo buannachdan dà-chànanas a mhealtainn. Mar a thathar an dùil sa Mhodh-obrach 1+2, bidh an comas aca sgilean a leasachadh, agus eòlas is tuigse air an dòigh sa bheil cànanan ag obair. Cuidichidh na sgilean sin a ghabhas an cleachdadh ann an suidheachaidhean eile iad ann a bhith ag ionnsachadh an dàrna cànan a bharrachd, L3, agus gheibh clann a tha ag ionnsachadh ann an FMG cothrom air mu P5. Bu chòir astar is adhartas an ionnsachaidh a sgrùdadh agus a thracadh gu faiceallach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn ionnsachadh a tha dùbhlach, a tha a' stèidheachadh sùileachaidhean àrda agus a' coinneachadh ri feumalachdan sònraichte chloinne. Tro AS1 gu AS3, bu chòir cothroman a bhith aig daoine òga leantainn orra ag ionnsachadh a' chànan a bharrachd a tha seo, L3, còmhla ris a' Bheurla 's a' Ghàidhlig, mar phàirt de dh'eòlas adhartach. Feumaidh leud, doimhneachd agus dùbhlach a bhith mar phrìomh fheartan de dh'ionnsachadh dhaoine òga de L3 gus cunntas a ghabhail de bhuannachdan dà-chànanais.